

Blair.436

“CUMAIL GU DAINGEAN SAMHLADH  
BHRIATHAR FALLAÏN : ”

## S E R M O N

BY

THE LATE REV. WILLIAM MUIR, D.D.,  
MINISTER OF ST STEPHEN'S, EDINBURGH.

TRANSLATED BY

THE REV. A. MACINTYRE,  
KINLOCHSPELVIE.

EDINBURGH :  
MACLACHLAN & STEWART, 64 SOUTH BRIDGE.

MDCCCLXXXI.



*S. D. Murray*

“CUMAIL GU DAINGEAN SAMHLADH  
BHRIATHAR FALLAÏN:”

## SEARMOIN

LE  
UILLEAM MUIR, D.D.,  
AON DE MHINISTEIRAN DHUNEIDEIN.

EAD. LE  
AONGHAS MAC-AN-T-SAOIR,  
MINISTEAR CHEANN—LOCHSPEILBH.

EDINBURGH :  
MACLACHLAN & STEWART, 64 SOUTH BRIDGE.

Translated by the Rev. A. MACINTYRE, translator of "James' Anxious Enquirer," etc., and distributed by Friends of the Church of Scotland.



## S E A R M O I N.

---

“Cum gu daingean samhladh firinneach nam briathar fallain, a chuala tu, uam-sa, ann an creidimh agus ann an gràdh a tha ann an Iosa Criod.”—2 Tim. i. 13.

“**BRIATHRA** fallain” tha ann an so a ciallachadh fhìrinnean a th’ air an toirt seachad tre chainnt a tha, gu soillear, a’ cur an ceil nan cùis a th’ann an taisbeanadh-ant-Soisgeil.

Na “briathra” sin tha “fallain.” Tha iad a’ teachd amach air an tì a dh’ eisdeas iad le dùrachd, le cumhachd spioradail agus deagh-bheusach a tha slàinteach, a dh’ àraicheas agus a bheir neart. Buaireasan coinnseis tha air an cur nan tosd ’s air an gluasad air falbh leotha. Tha iad foghainteach chum a bhi glanadh, a’ toirt comhfhurtachd, ’s a dheanamh sòlasach a’ chridhe fo bhruailleann.

C’ait air bhith am bheil na fìrinnean sin,

air dhoibh a bhi air an dòrtadh asteach leis an Spiorad Naomb, air eòlas slàinteil a bhi air an gabhail orra 's air am faireachduinn, tha iad ag àrach an anama ann am beatha na diadhachd chum na cuibhrionn d'an t-sonas a th' air neamh agus a ta buan-mhaireannach.

B'amhuil sin na fìrinnean a theagaisg an t-Abstol Pòl ann an eisdeachd gach neach d'an do shearmonaich e.

Agus na fìrinnean ceudna bha air an teagasg leis le dùrachd nach fannaicheadh agus le dìchioll ann an ùrnuigh airson Thimoti agus muinntir eile ullachadh mar shoisgeulaichaibh a ghiùlan air a h-aghaidh obair na ministreileachd Chriosduidh. Air an aobhar sin a deir e, osbarr, "a chuala tu uam-sa." Bha thu air d' oileanachadh leamsa anns na teagasgaibh, anns am bheil creidimh feumail chum do shlàinte fein. Agus air na teagasgaibh sin gabhaidh tusa cothrom gu diadhaidh 's gu h-eudmhòr a chur an ceilidh do d' cho-pheacaich, air son slàinte 'n anamanna.—"Na briathra fallain a chual thu uam-sa."

Ach arìs, agus an doigh ni 's ro àraidh, thoir fainear gu bheil "na briathra fallain" no teagasan-t-Soisgeil air an ainmeachadh

an so fo aogas àraidh: “ samhladh nam briathar fallain ; ” no cruth no coltas mar shamhladh a tha r’ a bhi air a lìonadh suas, cumadh no foills-eachadh aithghearr.

Agus, mar sin, am feadh a tha ann an teachdairereachdaibh foillsichte air toil Dhe anns na sgriobturaibh gu leir, na teagasan a tha feumail chum slàinte, agus a tha anns gach cùis creidimh dhiadhaidh mar an t-ùghdarras agus an treòraiche ’s àirde ; ach do na *teagas-gaibh* sin faodar gu mòr-bhuannachd am brìgh gu h-aithghearr a chur sìos. Giorrhachadh, mar sin, air firinnibh ro-àraidh tha teachd gu bhi ’na leabhar-seòlaidh soillear agus furasda gu bhi ’comharrachadh nam fìrinnean sin. Tha e ’tairgsinn, mar an ceudna culaidh-dhearbhaidh gu bhi ni ’s luaithe ’cur gu deuchainn barailean dhaoine mu ’n chreidimh Chrìosduidh. Tha e, osbarr, a’ cumail suas gu follaiseach cuimh-neachain air beachd-inntinn trid am bi ’n saoghal air a dheanamh fiosrach ciod iad na nithean àraidh a bhuineas do bheachdaibh soisgeulach ; agus, cuideachd, air taobh dheisciobul Chrìosd, tha uaithe sin air a bhuannachd seòl neo-mhearachdach air cur-an-ceill an creidimh. An aon fhacal, is i ’chùis mu ’m

bheil sinn ag iomradh, dìreach a' ni sin ris an abair sinn, "Leabhar-Aidmheil a Chreidimh."

An t-Abstol Pòl ('s tha e, 's cosmhuiil, air a thoirt gu 'r n-aire 'n so) rinn Timoti ullachadh an doigh aithghearr le *suim* fìrinnean an t-Soisgeil, "samhladh nam briathar fallain a chuala tu uam-sa." Sin tha e' g àithne dò n t-Soisgeulaich òg a "chumail gu daingean"—aidmheil shuidhichte a dheanamh dh'e, agus a chumail suas 'na iomlanachd an aghaidh gach culaidh-bhacaidh, agus le dìchioll gun fhannachadh; agus na h-uile r'a bhi air a dheanamh "ann an creidimh, cha n' ann amhàin ann an eòlas, cia air bhith cho Soillear, air fìrinnean an t-Soisgeil, ach ann an làn-dearbhadh anama aig am bheil faireachadh air an luachmhorachd, agus fiosrachadh brìoghmhor air na bheil 'nan rùn chum brosnachaidh gu'n cleachdad 's ar n-aignean a thogail gu neamh. Agus, osbarr, tha e r'a bhi air a dheanamh "ann an gràdh," le dealas diadhaidh air a chleachdad a thaobh an Fhir-Shaoraidh agus le cùram suairce air son slàinte anamanna nan uile ta mu 'n cuairt oirnn. "Cum gu daingean samhladh nam briathar fallain ann an creidimh agus ann an gràdh a tha ann an Iosa Criosc."

Ceadaichibh dhomh ur smaointean a shoc-rachadh, car ùine ghearr air a' chuis so a thug mi mar so gu 'r n' àire, agus gu h-àraidh ann an rathad freagairt a thoirt do dhà no tri do cheistibh. Agus a ràdh :—

Anns a cheud àite,—Ciod a th' aguinn anns an Tiomadh Nuadh ri 'm faodar a ràdh “an samhladh bhriathar fallain” *a's aithghearra* leis an d' rinneadh aideachadh air creidimh slàinteil? Seadh, mata, chaidh facal goàrid mar sin a labhairt ni bu trice na aon uair, mar so—“Is tu-sa Criod, Mac an De bheò”—Mat. xvi. 16. Tha mi 'creidsinn gu'r tu Criod, Mac Dhe a bha gu teachd chum an t-saoghail; 's iad sin na briathran anns an d' rinn dithis d'a luchd-leanmhuinn labhairt ris an Fhear-Shao-raidh: Am feadh ann an cor eile, mar roimh-uidheamachadh air son baistidh, bha 'n aidmheil so air a deanamh.—“Tha mi 'creidsinn gur h-e Iosa, Mac Dhe.” Cia gearr an “Samhladh bhriathar fallain” so! Ach gidheadh le uile 'ghiorrad bha gu leòr air aideach ann mar fhianuis air cùisean ro àraidh creidimh shlàinteil. Na fior dheisciobuil ann a bhi 'g a chleachdad, chuir an ceil tre 'n cainnt, an teagasg a ta feumail chum slàinte. 'Nuair a

labhair iad mu "Mhac Dhe" bha 'n cainnt a' cur an ceil am beachdan a thaobh a dhiadhachd; diadhachd a 's ro àirde 'n Fhir-Shao-raidh: A bhi 'na aon leis an Athair, ionann ann an cumhachd 's ann an glòir. 'Nuair a chuir iad an ceil gu'm b' E "an Criosd" no an t-Aon ungtá, chreid iad gu 'n robh E air aithneadh leis an Athair 's air a choisrigeadh leis an Spiorad Naomh, a choilionadh, as leth dhaoine aineolach, peacach agus ceannairceach, A thrì dreuchdan,—mar am Fàidh a dh' fhoill-seachadh a thoile diadhaidh air son slàinte; mar an Sagairt a dheanamh reite air son peacaidh trid fola 'iobairte choi-lionta fein; agus mar an Righ a chìosnachadh nan aingidh 's nan easumhal dha fein; agus a riaghladh thairis orra chum an sonais shiorruidh. Agus, mar an ceudna, 'nuair a dh' aithriseadh iad ainm beannaichte "Iosa," bha iad le buidh-eachas, ag aideach gu'n robh e air 'fhoillseachadh (mar a tha 'n t-ainm "Iosa," a' ciallachadh) chum a shluagh a shabhaladh o'm peacaibh.—Mat. i. 21.

Anis, gu bhi 'cur seadh-iomlan an t-Soisgeil an ceil. Creidimh a shaoras an t-anam, cainnt air bhith, 'nuair a tha i mar so gu ceart air a

tabhairt—cha n' urrainn a bhi ni 's soilleire 's ni so-thuigsinne n' a' chainnt so a th' air a cleachdadadh mar so le Peadar, agus le Marta, 's leis an iompachan o Etiopia, 'nuair a tha iad air leth ag aideach gu 'm b' Esan "Iosa Criod, Mac an De bheò, a bha ri teachd chum an t-saoghail."

*'San dara àite,—*Gidheadh, tha uaithe so cùis eile a' teachd san rathad, C'arson a thàinig e gu bhi feumail "samhladh bhriathar fallain" air bhith a bhi ann air leth o gach aideachadh aithghearr soillear dhiùbh sin, seadhar, mar a dh' aidichear iad uile, a thaobh na fìrinne a shaoras? C'arson? Mo thruaighe! caoch-laidhean coirbte baralach—baoth-ìnnleachdan inntinne mu chùisean cràbhaidh—agus truail-leàdh mi-chiatach teagaisg Chrìosduidh ameasg luchd aidmheil a chreidimh, thòisich air iad fein a thaisbeanadh gu ro thrà: Am feadh—'na dheigh sin—anns gach linn, agus air aghart 's a' ruigheachd gu'r linntibh fein, tha fios aguinn, gu maith, ciod na tuiltean mhearrachd agus saobh-chreidimh, agus coimeasgadh mill-teach mi-naomh air an fhìrinn fhoìllsichte, a shruth asteach, 's a bhris mar mhaoim air a choilion earrann do'n Eaglais fhaicsinnich.

Uabhar bhuadh-iuntinn ameasg cuid,—lön gu bhi 'm beul an t-sluaigh ameasg cuid eile; rannsachadh air dhroch-threòrachadh asteach do 'n fhìrinn an so—agus spiorad luaineach uabhair an sud, thug asteach teagasan coimheach chum fiaradh agus sgrios anamanna.

Anis, anns *na cùisibh sin*, thachair gu'm b'eigin riaghailt-shuidhichte a thaisbeanadh—chum fianuis a thogail agus dòn. Bha fianuis ri 'bhi air a thoirt an aghaidh mearachd; 'san Fhirinn bha ri 'bhi air a dòn, agus chaithd oidhirp a thoirt air an dà chuid a dheanamh le “samhladh bhriathar fallain” air a mheudachadh 's air a dheanamh ni's àraidh anns gach puing, los gu'm biodh air an coinneachadh 's air cur 'nan aghaidh iarrtasan o bhriseadh asteach air na tha sinne a' meas mar Shoisgeul na slàinte. Cha n' urrainn e'm feasda stàth a dheanamh dhuinn ann a bhi dòn, (a reir ar beachd-ne) oirre “na firinne mar a ta i ann an Iosa” gu 'm bi sinn 'gar riarachadh fein le bhi 'g ràdh leis an aogas fhoisneach air an èolach sinn a bhuineas do 'n bharail fhialaidh so, mar theircar, gu 'n “aontaich sinn dìreach, leis na bheil mu 'n cuairt oirrn a tha 'g aidmheil am Biobull a ghabhail mar Fhocal Dhe. C'arson ?

Nach 'eil muinntir a' deanamh aidmhealan creidimh marsin, aig am bheil am barailean air puingibh cudthromach diadhachd a tha tur 's calg-dhìreach an aghaidh a cheile? Iad-san,\* their sinn mar shamladh, a tha 'g àicheadh teaghasg Diadhachd an Fhir-shaoraidh, agus muinntir fo ainmibh eile a ni connsachadh mu theagасг slàinte tre ghràs, tre ghràs uile-bhuadhar saor agus saibhir; agus iadsan, os barr, a ghabhas ris agus a ni 'm bunait d'a ghràs an t-Soisgeil, ach a tha 'ga dheanamh sin 'na lethid d'a dhòigh 's a dh'aomas gu bhi 'lagachadh ar ceanglaichean dleasnais, sa tha, areir coslais, a' cur Lagh na' Modhannan an nèo-bhrìgh 's air chùl—c'arson? nach 'eil iadsan agus mòran eile, le'n caochla sgàilean mhearachd, gu deas a' seasamh amach a chur an ceil gu bheil iad a' creidsinn gur h-e 'm Biobull facal Dhe? Cia cho soillear a ta e, mata, gu'r mealladh 's tur chulaidh-mhagaidh an samhladh aontachaidh air a lethid so do steigh aidichte; agus nam biodh iadsan a tha 'g aideach fhìrinnean soisgeulach mar is tric a their-ear riutha, 'g an riarachadh fhein leis an t-seirc a' tha iad am beachd a th 'ann san aontachadh so, gu feum iad, air dhoibh smuaineachadh gu

\* Socinians or Unitarians.

stolda, fhaireachadh 's aideach gu bheil i ni 's measa na dìomhain, eadhon peacach. Agus uaithe so, cha 'n urrainn sinn gun fhaireachduinn nach comasach cur-an-aghaidh gu feum sinn "Aidmheil Creidimh" a bhi aguinn, chum 's 'nar leantuinn ri "samhladh nam briathar fallain" mar a tha iad areir ar beachdan mu'n Sgriobtur, gu faod sinn ar fianuis aonsgenlach a thogail an aghaidh mhearachd, gu feuchamaid ri stad a chur air cinntinn shaobh-theagasg, agus gu'n tugamaid do na h-uile a tha 'g altrum nan ceart bheachd a th' aguinn fhein cothrom air aontachadh leinn ann an co-chomunn baralach agus gràidh, air na mor-theagasgaibh roàraidh, na fìrinne a ta chum slàinte.

San treas àite—Gidheadh, tha fhathast r'a thoirt fainear a' chùis ro chudthromach, a thaobh a' *cheart* àite *sin* bu chòir a thoirt do "Leabhar-aidmheil-creidimh" a th' air a chur amach le eòlas agus le uidheamachadh dhaoine?

Anis ann a bhi freagairt na ceiste so, tha aguinn r'a bharalachadh 's r'a ghabhail mar nì cinnteach, gu 'n d' thug "Leabhar-aidmheil a' Chreidimh" air a tharruing asuas mar "Shamhladh bhriathar fallain" r'a cheile gu soillear teagasgan fìrinn an t-Soisgeil, 'siad uile air

an aonadh mar a' meadhon-còdhalachaidh anns a chùis òirdheire sin "Crìosd air a cheusadh." Ach ged tha so air 'aideach, tha sibh air a shon sin air ur n-aslachadh gu bhì 'cumail 'nur cuimhne nithean àraidh mar a leanas:—

Cuimhnichibh nach 'eil "Leabhar-aidmheil Creidimh" air bhith am feasd r'a bhi air a chur an àite' Bhìobuill: Is ann, air an laimh eile a tha e fhein r'a uile ùghdarras a tharruing o 'n Bhìobull. Aris cha n' eil Leabhar-aidmheil Creidimh am feased ri'r leughadh làthair air a' Bhìobull a chur air chùl. Ni h-eadh, ach, air an laimh eile, am feadh a tha sibh a' cur deuchainn air "samhladh bhriathar," 's a' faighinn amach 'fhallaineachd le dearbhadh firinn Bio-buill, tha sibh daonna r'a ghabhail 's r'a chleachdadadh dìreach mar Leabhar-sèolaidh chum a Bhiobuill fhein, 's mar thrèoraiche chum rannsachaidh agus tuigsinn ni's coillionta air na sgriobturaibh.

Gidheadh, anis, annta sin agus ann am beachdaibh eile, cia buannachdail airson chrioich spioradail agus dheagh-bheus a ta "samhladh bhriathar fallain" air teachd gu bhi. Tha e sa' cheud thoiseach, gu riochdail, ag innse ciod an seadh sam bheil an Eaglais do 'm buin

sinn a' tuigsinn nan Sgriobturi. Tha e san ath àite a' toirt chàirdean fìrinne an t-Soisgeil gu bhi 'cumailasuas bann-aonaidh a tha chum comhfhurtachd agus fòghluim. Tha e mar an ceudna chum an eòlas agus an creidimh a chra-obh-sgaoileadh, leis an taisbeanadh fhollaiseach air am beachdaibh a tha mar so air a dhealbh.

Osbarr, tha e chum buannachd ann a bhi díon nan teagasg roighnichte 's ris am bheilear air gabhail, an aghaidh għluasad coimheach gu caochla bheachd. Tha e 'diol mar an ceudna a chuideachaидh a's cumhachdaiche chum fòghluim a' Bhìobuill leis an uidheam riaghailteach anns am bheil e 'cur fìrinnean a' Bhìobuill. A thuillidh air sin tha e 'deanamh Eaglais. Chrìosduidh comasach air aon d' a dleasnasaibh soillear a choiliònadh. Oir am feadh a tha gach aon bhall do cho-chomunn cràbhach fo fhiachaibh, air a shon fhein, Iosa Criod 'aideach be bhi 'fritheadladh òrduighean an t-Soisgeil, agus le bhi cumadh am beatha 'nan uile għiùlan ri riaghailt an t-Soisgeil,—mar sin tha Eaglais Chriosd 'na cor aonaichte ceart cho mòr fo fhiachaibh a dìllseachd do 'n "fħirinn mar a ta i ann an Criod" a chur an ceil. Mar so tha 'n Eaglais ri 'bhi 'na fianuis air thalamh air

taobh a Cinn ghlormhoir air neamh ; agus air dhi bhi “’na post na firinne” (1 Tim. iii. 15), mar a ta ’n t-Abstol ag ràdh, tha i a’ cumail amach, o ni aig am bheil Samhladh eigin ri reachd follaiseach, teagasg na slàinte tre fhuil reite ’n Fhir—shaoraidh a’s “ Dia foillsichte san fheòil.”—1 Tim. iii. 16.

Anis, mo chàirdean, ionmhuinn, ceadaichibh dhomh gu sònruichte air an là so am feadh a tha sibh o’r maoin a’ cuideachadh le innleachdaibh luachkmor na h-Eaglaise, ceadaichibh dhomh gu sònruichte an t-aobhar-brosnachaidh so eile a chur na ’r cuimhne chum a bhì ’g adharta-chadh a cùisean gu leir, gu’r a h-Eaglais i aig am bheil creud shoisgeulach. Buidheachas do Dhià nach ’eil a “samhladh bhriathar fallain” fhathast air a shniomh uaibh. Tha thathast air fhàgail agaibh, fo ùghdarras, a Leabhar-aidmheil creidimh ’s a leabhraichean cheist, air nach comasach sibh am feasd gu leòr d’a mheas a chur, no fhòglum le stòldachd gu leòir le dìchioll le ullachadh ’s le ùrnugh. Bha iad sin air an cur r’ a cheile ’s air an cur amach le daoinibh (cià air bith cho taìreil ’s a labhrar umpa sna làithibh so) a bha gu h-àraidh air an ullachadh le Ceann na h-Eaglaise air son na

h-oibre a thug e dhoibh r'a dheanamh. Seadh. Bha iad cha n' e 'mhàin 'nan daoinibh aig an robh fòghlum domhain ach mar an ceudta nan daonibh a chleachd ùrnuigh ; a bha teachd beò an dlùthas air Dia ; agus a bha, le 'n rannsachadh, cumhachdach anns na Sgriobturaibh.

Agus uaithe sin, trid an eòlas faireachaidh fein air an Fhocal, cùa cho pailt 's a tharruing iad o 'n ionmhas neamhuidh sin na meadhonan airson dearbhaidh agus soillearachaidh ! A thuillidh air sin, ciod an t-saibhireachd 's an fhaicill àraidh, leis an do chruinnich iad saibhreas a Bhìobuill ann an duilleagaibh Leabhair-aidmheil a' Chreidimh 's leabhraichean nan ceist, agus sin gu leir, chum gu 'm builichte oirbhse, le bhi coimeas an dara ceann-teagaisg ri ceann-teagaisg eile, an riaghailt a's fhearr chum ur n-imcheisteán a reiteach, ur n-eòlas a chur am meud ann an nithibh naomha—ur creidimh a neartachadh, 's a chum glanaìdh ur cridhe.

Seallam anis gu ro àraidh ri “Leabhar aìth-ghearr nan ceist”—a tha 'na ghiorrachadh air Riaghailtean teagaisg eile Eaglais na h-Alba —“Samhladh bhriathar fallain,” a tha iongan-tach—brigh choiliona na firinne a ta chum sláinte. An leabhar-láimhe luachmhor sin,

araon chum teagaisg 's cleachdaidh, tha 'tòiseachadh le bhi 'nochdadadh " crioch àraidh " bith dhaoine,—glòrachadh 's mealltuinn an De mhòir. Tha e 'nochdadadh nan sgriobturi aris, mar an aon riaghailt leis an treòraicheadar sibh chum a' chrioche luachmhòr so a choìlionadh. Tha e sin a' dol air aghaidh a nochdadadh clùu-fheart Dhe-an-t-Athair, a' Mac 's an Spiorad Naomh; 's a chur 'nar, cuimhne oibre a' chruthachaidh 's an fhreasdail 's a chur an ceilidh ceud chor an duine —a thuiteam o neo-chiontas, agus toradh truagh a' cheud sheachrain. An sin tha e a' comharachadh amach tròcair taghaidh shiorruidh chum peacaich a thearnadh, tha e 'cur an ceilidh, chum an rùn gràsmhor sin a choïlionadh, pearsa dhiomhair an Eadar-inheadhonair, a's Dia 's a's Duine, agus a thrì dreuchdan Faidh, Sagairt agus Rìgh a th' air an cur an gnìomh leis 'na staid irisleachaìdh agus àrdachaidh. Tha e, osbarr, ag innse mu obair bheannaithe 'n Spioraid Naoimh, ann a bhi 'co-chur ri creidmhich shochairean na saorsa—sochairean a th' air am faotuinn sa bheatha so, aig a' bhàs agus aig an aiseiridh. An deigh sin tha e 'tighinn amach le beachd seadhair air na dleasnasainbh a tha taingealachd air son na saorsa agus gràdh do'n

Fhearr-shaoraidh ag earalachadh air ur dichioll dileas agus dùrachdach. Na dleasnais sin tha air an cur f'ar comhair air an cur ann an uidh-eam 's air an àithne tre mhìneachadh air na deich àithntibh, a's drùightiche ged tha e gearr, a ghabhas toirt seachad. Cia drùighteach sòlaimte an leasan a tha mar so air a theagasc a thaobh gu bheil lagh na' modhanna mar fhiach-aibh oirnn! An àite 'lasachadh, tha ìobairt-reite 'n Fhir-shaoraidh ga cheangal dà-fhillte oirbh chum riaghailt beatha. Ur n-uile pheac-anna an aghaidh an lagha sin tha thu 'guidhe 's ag altrum dòchais gu 'm bi air a' mathadh trid fuil na h-Iobairte Mòire, 's air an adhlacadh gu siorruidh a cuimhne, mar gu 'm b'ann an uaigh Iosa. Ach lagh na' modhanna an aghaidh an do pheacaich thusa—*an lagh sin* tha thu ro chinnteach cha deachaidh adhlacadh an sin. Tha 'n lagh sin do ghnà “beò agus cumhachdach, agus ni 's geire na claidheamh dà fhaobhair air bith 'na bhreitheamh air smuaintibh agus rùntibh a 'chridhe,” Eabh. iv. 12. Agus air dha bhi 'na fhìor lagh naomhachd shiorruidh, a rinn Iosa le 'bhàs mar éiric “ardachadh 's a dheanamh urramach,” nach 'eil sibh r'a bhi faireachduinn gun stad a thagradh air ur n-ùmhachd; agus

nach 'eil sibh r'a bhi' strìgh 's ri ùrnuigh gu 'm biodh na deich àithntean air an sgrìobhadh air ur cridheachaibh 's air an ath-sgriobhadh troimh na h-uile "lide agus punc." Mat. v. 8.—dh'e 'n ur beatha ?

Ach an deigh nam beachd sin a thaobh na bheil mar fhiachaibh oirnn a thaobh bheus, tha Leabhar-nan-ceist a' cur 'n ur cuimhne gu ro àraidih neo-chomas an duine anns a bheatha so na h-àithntean a choimhead gu h-iomlan ; agus an sin a' cumail amach uamharachd agus toradh truagh a' pheacaidh, tha e 'leigeil ris, aig a' cheart am na slighe gu dol as o 'n fheirg a thoill sinn, trid an Tighearn Iosa Criosd a chum am bheil peacaich gu grad, le creidimh 's le aithreachas ri iad fein a thoirt as. Agus, fadheoigh, tha air a chur fa 'r comhair soillear-achadh air meadhona nan gràs—Am Focal, na Sàcramaidean agus ùrnuigh—agus iad sin gu leir air an toirt amach le aon—fhillteachd 's le cumhachd chum cleachdaidh, gu bhi air an deanamh foghainteach, trid an Spioraid Naoimh, chum slàinte chreidmheach.

Anis, aig na cùisibh sin, agus leò-san cùisean araidh eile a bhuineas do ìnnleachd an t-Soisgeil, tha 'n àiteachan dligheach fein anns an "t-samh-

ladh bhriathar fallain" so a tha cho luachmhor, 's a th'air a thairgsinn ann an doigh cho gearr ach cho soillear, agus cho snasmhor air a chur an uidheam, gus a'm bheil ceist an deigh ceiste, gach aon a' fàs gu nàdurra as an aon eile, a' d' threòrachadh aig a cheann-crìche gu bhi gabhail leabhar-làimhe leasan diadhaidh, coilionta air son aimsire agus air son na siorruidheachd.

Ann an co-dhùnad, their mì, osbàrr, gu 'n do ghlacadh leam an cothrom so le dùrachd; an cothrom sin air am bheil sibhse 'nochadh ur dìsleachd do Eaglais na h-Alba, le bhi le'r maoin a' deanamh taice r'a h-Innleachd òirdheirc air son an Soisgeul a chraobh-sgaoileadh ann an ionadaibh uireasbhuidheach ar dùthcha; an cothrom so, a ta mi 'g ràdh chaidh, gu dùrachdach, a ghlacadh leam chum thathast a sparradh air ur n-aire ghràidh 's air ur sior ghabhaltas, "a' samhladh bhriathar fallain sin" *Leabhar-aidmheil-a' chreidimh* agus Leabhraichean nan ceist, a tha air an daingneachadh chum gnath-achaidh agus treòrachaидh shlàinteil; agus ann a bhi 'n seilbh orra 's àiridh-ar n-Eaglais air a bhi air a cumail suas 's air a cur am farsuingeachd. Mo thruaighe! gun teagamh tha guthanna anis air an cluinntinn mu 'n cuairt oirnn, a tha dùrdan

an dòigh so-thuigsinn no tre shanusainb diomhair phonec mi-thoileachaidh agus eadhon dímeis oscionn a Riaghailtean-teagaisg agus cuideachd phonec tiolpaidh bhig air na daoinibh urramach a chuir r'a cheile iad, ion 's gu dímeas a dheanamh air buadhan ìnnntinn agus ionnsachaidh nan daoine a rinn an tarruing amach. Na cùisean sin, tha anis, ma 's fhior, air fàs sean, Tha annta mar gu'm b'ann gne chuibhrichean ! Feumaidh iad a bhì air an gearradh o cheile, chum 's nach grabadh iad ni 's fhaide siubhal saor-smuaineachaidh !

Is amhuil sin comharan cianail ar n-aimsirean : agus air an aobhar sin ceadaichibh dhomh asluchadh oirbh tarruing ni 's dlùithe 's ni's dlùithe ann an comunn r'a cheile chum "cul-taice firinn an t-Soisgeil ;" agus oscionn na h-uile, chum ùrnuigh ri Dia Shioin ; ag asluchadh air gu 'n "eireadh e 's gu 'n deanadh E trocair," Salm. cii. 13. Gu'n cumadh E tearuinte 's gun truailleadh na sochairean sin a thàinig anuas thugainn mar dhileab 's gu 'n cuireadh E urram òirnne le bhi 'g ar deanamh 'n ar culaidh-chuideachaidh air a bhi 'cur a dh' ionnsuidh na h-aiteim a thig 'nar deigh "samhladh nam briathar fallain" a fhuair sinn,— "Cum gu daingean samhladh nam briathar fallain."

Guidheam oirbh, “cumaibh gu daingean e ann an creidimh,” a’ crochadh air fìrinnibh an t-Soisgeil air am bheil e ’toirt fianuise, le làndearbhadh gu ’r h-iad teagasgan ur slàinte iad a’ cleachdadadh ur n-inntinn ’s ur cridhe orra, agus a’ coillionadh gu làthail an rùintean a thaobh cleachdaidh.

Guidheam oirbh, “cumaibh gu daingean e ann an gràdh ; ann an gràdh do Iosa Crìosd a’s e’” cusbair ro-araid mu ’m bheòl e ’toirt fianuis, agus a ghlòir-san is e a rùn fhoillseachadh ; agus ann an gràdh air son nam bràithrean, gu caomhail ag iarraidh na h-uile a ta mu ’n cuairt oirnn gu bhi ’sireadh an Fhir-shaoraidh agus gu bhi compàirteachadh d’a shlàinte.

Guidheam oirbh, “cumaibh gu daingean e” ann an rùn ’s ann an cleachdadadh beatha dhiadhairidh, a’sireadh ’s a’ geilleachduinn Spiorad nan gràs, chum gu striochdadadh E sibh gu buileach do ’n “Tighearn a’s E ur fìreantachd agus ur neart.”

Guidheam oirbh, “cumaibh gu daingean e” ann an cleachdadadh bunailteach ùrnuigh agus faire, chum ’s gu ’m biodh uil-fhoghainteachd Chriosd ’n a dhìdean an aghaidh mearachd agus cùl-sleamhnachaidh pheacaich, agus chum

le sin gu 'm bi sibh air ur neartachadh ann an aghaidh chlisgeadh o dhroch bhuaireannaibh, gu 'm si sibh "a' toirt tuillidh agus buaidh trid Chriosd a ghràdhach sibh." Rom. viii. 37.

Seadh ! Mo chàirdean gràdhach ! "Cumaibh gu daingean an samhladh bhriathar fallain so.' A phàranndan ! cumaibh e, agus cleachdaibh gu dìchiollach 's le ùrnuigh e 'n ur teaghlaichibh. A luchd-teagaisg ! cumaibh e agus cleachdaibh gu dìchiollach 's le ùrnuigh e 'n ur sgoiltibh. Oigridh luachmhòr a choi-thionail ! mu' m bheil sòlas orm gu 'r fiosrach mi gu bheil e aguibh o'm cheasnachadh oirbh gach bliadhna, cumaibh-se 'n ur cuimhne e agus iarraighe a bhi air an athaìlteachadh air ur cridheachaibh fìrinnean an t-Soisgeil a tha cho saibhir 's cho soillear air an teagasg ann.

Earbam uile sibh ris an Tì sin a tha comasach air bhur gleidheadh o thuisleadh agus bhur cur gu neò-lochdach an làthair a ghlòire le h-aoibhneas ro mhòr." Amen. Iud. 24.





